

Bòrd na Gàidhlig

**dreachd de PHLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG agus
dreachd den STIÙIREADH AIR PLANAICHEAN GÀIDHLIG**

AITHISG MUN CHO-CHOMHAIRLEACHADH PHOBLACH

Coinneach MacFhionghuin
Criosaidh NicRath
Iain Galloway

An co-chomhairleachadh poblach

Bha an dreachd de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus an dreachd den Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig air am foillseachadh air 14 Lùnastal le ùine cho-chomhairleachaidh trì-mìosan a-mach gu 10 Samhain. Thàinig 202 beachd a-steach gu Bòrd na Gàidhlig mun phlana, agus 49 mun stiùireadh (251 beachd gu h-iomlan), rè na h-ùine seo no goirid às a dèidh. Anns a' chiad seachdainean den ùine cho-chomhairleachaidh, chùm am Bòrd 26 coinneamh phoblach fhosgailte, agus 10 taisbeanadh airson bhuidhnean agus chòmhlain shònraichte.

Leugh am prìomh neach-sgrùdaidh na 251 beachd uile a fhuaradh thar na h-ùine seo agus bha sampail airson adhbhar sònraichte (air an taghadh airson gnè no cuspair sònraichte) air an leughadh leis an luchd-sgrùdaidh eile cuideachd. Den àireamh iomlan seo thàinig mu 54% bho dhaoine fa leth, 18% bho chòmhlain an lùib cànan, 7% bho bhuidhnean coimhearsnachd, 7% bho ùghdarrasan ionadail, 13% bho bhùird-phoblach nàiseanta. Bha faisg air an treas earrann (29%) de na beachdan a thàinig a-steach ann an Gàidhlig. (Faic na Clàir anns a' Phàipear-taice.)

Thàinig na freagairtean à raon iongantach de cheàrnaidhean: bho Alasga gu Casagstan. Bha mu 28% de na beachdan bho thaobh a-staigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (a' gabhail a-steach buidhnean air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean air fad). Bha mu 61% bhon chòrr de Alba no bho bhuidhnean air feadh Alba, agus bha a' chuid eile – 11% – à àiteachan eile (no neo-ainmichte). Faic na Clàir anns a' Phàipear-taice.

Tha an aithisg seo a' feuchainn ri geàrr-chunntas a thoirt air na co-chomhairleachaidhean sin, agus nithear oidhirp air beachdan agus freagairtean de dh'iomadh seòrsa gnè a thug an obair seo gu bith a chur còmhla ann an dòigh a ghabhas a-steach tomhas agus càileachd an stuth a dh'fheumar a sgrùdadh.

Dòigh-obrach

Chaidh am modh 'Grounded Theory' (Glaser and Strauss 1967, Denscombe 1998/2003) a ghabhail mar an dòigh a b' fheàrr airson ciall a dhèanamh den mheall dàta seo, oir tha an dòigh-obrach seo:

- a' seachnadh beachd-smuaintean agus teòiridhean ro-mheasta,

- stèidhichte air na tha reusanta agus fìor,
- airson gnèithean agus bun-bheachdan a chomharrachadh a tha a' co-fhreagairt nan cuspairean suidhichte,
- a' samplachadh an dàta airson adhbhar agus ann an doimhneachd,
- a' bonntachadh nan teòiridhean aige anns an fhiosrachadh,
- a' toirt mìneachaidhean a dh'aithnichear air na cuspairean, agus
- a' dealbh teòiridhean gus coinneachadh ri feuman an t-suidheachaidh.

Co-roinn ghnìomhan

Leugh am prìomh neach-sgrùdaidh gach beachd a thàinig a-steach. Anns a' ghnìomh seo bha dithis eile, Criosaidh NicRath agus Iain Galloway, ga chuideachadh leis an leughadh agus an sgrùdadh. Chaidh iarraidh orrasan sampail 'theòiridheach' a leughadh a bha air an taghadh a rèir chuspairean, cùisean sònraichte, agus argamaidean a thaobh prionnsapail am measg nam freagairtean a fhuaradh. Chaidh iarraidh air an luchd-sgrùdaidh còdan agus gnèithean a chomharrachadh anns an stuth a bhiodh air a chleachdadh airson prìomh earrannan agus structar na h-aithisg a chur ri chèile.

Ghabh na sampail a-steach raon riochdachail de fhreagairtean bhon t-sluagh Ghàidhlig le ùidh sa chùis, còmhla ri na rudan a fhuaradh bho ùghdarrasan ionadail, buidhnean iomairt agus bho bùird agus companaidhean poblach eile, agus eòlaichean fa leth.

Modh-obrach ann an cleachdadh

Dh'fheumadh an luchd-sgrùdaidh mion-chunntasan a dhèanamh mu dheidhinn:

- an robh am modh san fharsaingeachd math no dona dhan phlana agus/no an stiùireadh,
- na prìomh fhaclan agus bhun-bheachdan a bha air an gabhail a-steach,
- argamaidean gan dèanamh an lùib chùisean anns a' phlana agus/no an stiùireadh,
- abairtean no briathrachas sònraichte sam bith,
- eisimpleirean de dh'abairtean air an cleachdadh le mòran den luchd-freagairt.

Mion-sgrùdadh dàta

Bho na notaichean air gach freagairt a fhuaradh, bha gnèithean air an dèanamh suas. Ann an sgrùdadh nan notaichean a rinneadh, bha dòighean-obrach air an seòrsachadh, agus bun-bheachdan air an comharrachadh. Bha iad sin air an cur còmhla agus air am meas. Còmhla ri sin, bha dòighean sònraichte no barraichte sam bith, agus beachdan pearsanta feumail sam bith eile, air an comharrachadh.

Bha cunntasan air an dealbh a thug sealladh farsaing no gearr-iomradh den dàta. Rinneadh iad sin nan cunntasan air dè bu chòir a dhèanamh gus sgrìobhainnean a' phlana agus an stiùiridh a leasachadh no a leudachadh.

Bha cunntasan eile air an dealbh a' deasbad dè bu chòir a dhèanamh ann am poball na h-Alba san fharsaingeachd agus anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig gu sònraichte.

Cuspairean agus bun-bheachdan ag èirigh às a' cho-chomhairle

Bha aig an luchd-sgrùdaidh ri na cuspairean sin eagrachadh ann an òrdugh air choireigin airson an taisbeanadh, agus mar sin bha dè cho cudromach 's a tha iad air a chomharrachadh gu ìre leis an luchd-sgrùdaidh. Tha an t-òrdugh a' nochdadh co-bhreithneachadh an luchd-sgrùdaidh, oir tha e nàdarrach gun do chuir na daoine agus na buidhnean a chuir a-steach am beachdan cudrom air na cùisean sònraichte a thug orra sgrìobhadh. Ach tha na cùisean sin uile cudromach, agus cha bu chòir cus cudruim a chur air an dearbh òrdugh sa bheil iad air an cur sìos.

Chaidh co-dhùnadh gum biodh structar taisbeanaidh air a chleachdadh coltach ri structar cuspaireil na dreachd plana fhèin, fo na prìomh chinn cuspair:

1. Spionnadh

- 1.1 dachaigh agus daoine fa leth
- 1.2 Gàidhlig anns a' choimhearsnachd
- 1.3 planadh corpais, faclairan agus acadamaidh

2. Inbhe

- 2.1 planaichean agus stiùireadh Gàidhlig
- 2.2 gnothaichean ri buidhnean oifigeil
- 2.3 sgeamaichean thabhartasan, àrdachaidh agus dhuaisean
- 2.4 àite don Ghàidhlig mar chànan nàiseanta

3. Foghlam

- 3.1 togail cànan, fileantachd luchd-ionnsachaidh
- 3.2 Gàidhlig ann am foghlam
- 3.3 solar agus trèanadh luchd-teagaisg

4. Cultar

- 4.1 cultar agus dualchas

5. Conaltradh

- 5.1 Gàidhlig ann an conaltradh agus na meadhanan

6. Cùisean eile ag èirigh anns a' phlana agus/no an stiùireadh

- 6.1 raon agus/no nòs cànan air a chleachdadh
- 6.2 targaidean
- 6.3 snapan sa cheud
- 6.4 neach-comharra a' chunntais-sluaigh

7. Gnothaichean farsaing

- 7.1 rannsachadh
- 7.2 ionmhas agus stòrais
- 7.3 prìomhachasan

8. Gnothaichean riaghaltais

- 8.1 Comataidh Foghlaim Pàrlamaid na h-Alba

8.2 Riaghaltas na h-Alba

Bun-bheachdan agus beachdan air an togail tric

Am measg nam puingeann a thog mòran den luchd-freagairt gu tric bha na h-eisimpleirean a leanas de bhun-bheachdan, beachdan, agus abairtean cumanta a chleachd mòran luchd-freagairt:

Coitcheann

- feumar an sgrìobhainn a shìmpleachadh agus a ghiorrachadh
- gun dùnadh a-mach cho cudromach 's a tha Gàidhlig ann an obraichean agus/no cur-seachadan traidiseanta (croitearachd, iasgach, an eaglais)
- ach a thoirt gu luchd-amais farsaing agus/no ùr cuideachd

Dachaigh agus Coimhearsnachd

- Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd cudromach os cionn gach nì eile
- stòrais ro chudromach airson leasachadh anns an dachaigh, a' choimhearsnachd, foghlam agus an àite-obrach
- sgeama agus/no luchd-obrach tadhal san dachaigh – cudromach
- cuideachadh nan daoine aig a bheil Gàidhlig gus faicinn cho luachmhor 's a tha i
- taic agus misneachd do phàrantan gus sgaoileadh eadar-ghinealach a thoirt gu buil
- taic do phàrantan chloinne ann am foghlam tron Ghàidhlig

Stòrais

- draghan mu bhuidh stòrais
- feum air ùine gu leòr airson planaichean a dheasachadh agus seirbheisean a bhuileachadh
- stòrais ro chudromach airson leasachadh anns an dachaigh, a' choimhearsnachd, foghlam agus an àite-obrach
- prìomh chudrom air stòrais airson a' chànan

Targaidean agus toraidhean agus staitistig

- feumar raointean-ama nas soilleire
- feumar targaidean a tha nas fhasa a thomhas
- feumar adhbhar airson targaidean
- feumar mìneachadh air mar a bhios targaidean rin coileanadh
- feumar barrachd amasan agus targaidean fad-ùine
- cion bun-fhigearan
- cha bu chòir cus earbsa a chur ann an dàta bho chunntasan-sluaigh
- targaidean airson 2011 neo-phractaigeach – uallach nach bi iad air an coileanadh
- bu chòir targaidean a bhith annta suas gu 2020 agus seachad oirre
- feum air soilleireachd – ann an raon chànan agus/no amasan agus/no toraidhean
- feumar sealladh san fhad-ùine
- cho cudromach 's a tha beachdachadh air na fìor àireamhan de luchd-labhairt Gàidhlig ann an ceàrnaidh an àite an ìre sa cheud de shluagh ann an ceàrnaidh

Rannsachadh agus Margaideachd

- rannsachadh mar bhunait airson a' phlana
- ionnsachadh bho dhùthchannan eile le mion-chànanan
- deatamach sgrùdadh a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig gun dàil
- cho luachmhor agus cho cudromach 's a tha an cànan a mhargaideachd air feadh Alba – fìor chudromach
- adhartachadh buannachdan eaconamach na Gàidhlig
- adhartachadh Gàidhlig mar mhaoin nàiseanta
- barrachd a ràdh mun dàimh eadar Gàidhlig agus leasachadh eaconamach
- ceanglaichean eadar Gàidhlig agus gnìomhachas
- chan eil e soilleir ciamar a thèid dèiligeadh ri atharrachadh a thoirt air beachdan

Foghlam

- teagasg cultar na h-Alba (le Gàidhlig na phrìomh phàirt dheth) ann an clàr-teagaisg sgoile
- dèanamh feum de staitistig foghlaim
- feum air tuilleadh soilleireachd anns an ro-innleachd foghlaim
- earrann air foghlam agus an uair sin ro-innleachd foghlaim air leth – neo-shoilleir don luchd-leughaidh
- Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS) – cus aire air – cunnart gum bithear ga chur os cionn foghlam tron Ghàidhlig
- foghlam agus/no trusadh luchd-teagaisg – feumar tuilleadh beachdachaidh air
- taic agus misneachd do phàrantan gus sgaoileadh eadar-ghinealach a thoirt gu buil
- taic do phàrantan chloinne ann am foghlam tron Ghàidhlig
- feumar iomairtean airson luchd-ionnsachaidh a thoirt gu fileantachd
- cho cudromach 's a tha cùram-chloinne slàn Gàidhlig
- foghlam tron Ghàidhlig – ro chudromach ach chan fhaodar coimhead ris na aonar airson ath-bheothachadh agus gleidheadh a' chànain

CUSPAIR 1: SPIONNADH

1.1 Dachaigh agus daoine fa leth

Bha cho cudromach 's a tha toirt seachad cànan anns an teaghlach air a togail gu tric. Bha mòran luchd-freagairt a' coimhead gum biodh structar taice san dachaigh do chàraidean a' togail na cloinne tron Ghàidhlig deatamach – gu h-àraidh air taobh a-muigh na Gàidhealtachd. Ghabh beachdan eile a-steach cuideachadh airson adhartachadh na Gàidhlig anns an dachaigh, a bha air fhaicinn ro chudromach airson adhartachadh na Gàidhlig sa bheatha làitheil. B' e Gàidhlig anns an dachaigh agus an teaghlach aon de na prìomhachasan anns a' phlana (ann an cuid de chùisean cha robh seo air a làn-thuigsinn). Mura biodh seo air a choileanadh, cha bhiodh ro-innleachdan eile gu feum sam bith. Bha an dachaigh air a faicinn mar chridhe ar cultair (nas motha na croitearachd, an eaglais no iasgach), agus tha e nas cudromaiche an ceangal eadar cànan agus an dòigh-beatha thraidiseanta a chumail a' dol na beachd nam mòr-bhailtean.

Bhathar den bheachd gun robh pàirt deatamach aig mnathan-glùine agus proifeiseantaich slàinte eile ann an adhartachadh na Gàidhlig ann an togail chloinne, agus gur e ùghdarrasan slàinte na prìomh sholaraidhean. Tharraing Clì Gàidhlig aire gu cho cudromach 's a tha e buaidh a thoirt air pàrantan cho math ri cloinn, agus cuideachd thug iad aire gu feuman

luchd-ionnsachaidh fa leth. Tharraing aon neach-aithris aire gu sònraichte chun an neach-labhairt Gàidhlig fa leth mar an nì a b' fheumaile. Chuireadh dùnadh a-mach an 'Gàidheal àbhaisteach' bacadh air soirbheachadh a' phlana. Dh'iarr neach eile barrachd meas a chur air luchd-labhairt Gàidhlig, agus dòighean a lorg airson cothrom a thoirt dhaibh an cànan agus a chultar a thoirt do ghinealach ùr – gu h-àraidh ann an sgìrean far an robh an cànan air fàs lag. Thug grunn luchd-freagairt iomradh air planaichean-cànain pearsanta do dhaoine fa leth.

1.2 Gàidhlig anns a' choimhearsnachd

Thug mòran luchd-freagairt iomradh air an fheum air oifigearan Gàidhlig ionadail, co-oibrichean, agus oifigearan agus luchd-comhairle sa choimhearsnachd. Dh'ainmich aon neach-aithris eisimpleir Cuimreach nam Mentrau Iaith, agus dh'ainmich neach eile 'bùth aon-stad' Ghàidhlig – 's dòcha air-loidhne cuideachd.

Bha e soilleir gun robh feum air tionnsgnaidhean agus iomairtean le barrachd Gàidhlig mar ghnìomhachasan beaga air an ruith tron Ghàidhlig. Thug aon neach-aithris iomradh air sgeama thabhartasan gus cuideachadh a thoirt do dhaoine òga le ceum ann an gnìomhachas a' gabhail a-null gnìomhachasan beaga ann an coimhearsnachdan Gàidhlig.

1.3 Planadh corpais, faclairian agus acadamaidh

Tharraing diofar bhuidhnean agus daoine fa leth aire gu planadh corpais agus feuman briathrachais. Tha beagan coltais gun robh co-obrachadh air na ceistean sin. Mhol roinnean oilthighean agus buidhnean briathrachais taic fìor làidir don phròiseact eachdraidheil, Faclair na Gàidhlig, agus bha iad a' faireachdainn gum bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig airgead a chur ris an iomairt seo. San fharsaingeachd thug an luchd-freagairt sin taic don bheachd airson acadamaidh Ghàidhlig, agus bha an t-iarrtas airson co-fhaclair Gàidhlig air a thogail cuideachd. Bha eòlaichean riatanach do phlanadh corpais, agus bu chòir ceangal a bhith aca ri acadamaidh Ghàidhlig.

Thog aon neach-freagairt biùro nàiseanta gus Gàidhlig a cheartachadh air soidhnichean oifigeil agus ann an àitean poblach. Mhol Ainmean-Àite na h-Alba a phròiseact airson clàr-àite nàiseanta Gàidhlig. Bhiodh buaidh aig seo air inbhe, soidhnichean poblach agus làthaireachd na Gàidhlig air feadh Alba.

Dh'fhaodadh seirbheis air-loidhne airson cànan na Gàidhlig a bhith air a ruith fo sgèith acadamaidh Ghàidhlig.

CUSPAIR 2: INBHE

2.1 Planaichean agus stiùireadh Gàidhlig

Bu chòir gum biodh ìomhaigh Ghàidhlig aig buidhnean nàiseanta a bhios air a cumail suas air feadh Alba. Bu chòir do phlanaichean cànain gabhail ri prionnsapal na spèis cho-ionann.

Tha reachdas agus mar sin am plana seo a' cur cudrom air buidhnean oifigeil, gu h-àraidh an fheadhainn a tha cunntachail do Riaghaltas na h-Alba. Thug grunn luchd-freagairt (gach cuid daoine fa leth agus ùghdarrasan poblach) iomradh air an fheum air na roinnean prìobhaideach, saor-thoileach agus coimeirsealta a ghabhail a-steach, oir bha coluadar cudromach aca sin ris a' mhòr-shluagh.

Tha an earrann mu phlanadh cànan a' gabhail ris a' mhodail Chuimreach. Tha modail planadh cànan a thàinig bho Joshua Fishman air a thogail cuideachd ann an iomraidhean tro na sgrìobhainnean air tilleadh gluasad cànan.

Bha tuigse mhath air cho cudromach 's a bha planadh cànan ann an raointean prìobhaideach, saor-thoileach agus coimeirsealta, agus cuideachd am feum air planaichean beaga ionadail.

2.2 Iomagain mu bhuidhnean oifigeil

Bha cuid den luchd-freagairt a' faireachdainn gun robh cuid de rianairean sna h-ìrean as àirde san roinn phoblach, agus àrd-stiùirichean ann am beatha choimeirsealta fhathast an aghaidh na Gàidhlig.

Chàin aon neach-aithris Bòrd na Gàidhlig airson a bhith a' caitheamh mòran a bharrachd air biurocrasaidh na air a' chànan, agus cha robh e a' coimhead adhbhar anns na tabhartasan a bha e a' toirt do phròiseactan.

2.3 Sgeamaichean thabhartasan, àrdachaidh agus dhuaisean

Tharraing aon no dhà de fhreagairtean aire gu iarrtas a bhith a' toirt adhbhar do choimhearsnachdan agus dhaoine airson àrdachadh ìomhaigh na Gàidhlig agus cleachdadh a' chànan sa bheatha phoblach. Mhol freagairt Comhairle Baile Ghlaschu litir-naidheachd bhliadhnail a' comharrachadh nan dòighean-obrach as fheàrr agus sgeama thabhartasan. Rinn feadhainn eile am moladh seo cuideachd, a' gabhail a-steach comharrachadh poblach agus fàilte oifigeil do luchd-ionnsachaidh a ruigeadh fileantachd, agus stèidheachadh 'latha Gàidhlig' bliadhnail.

Chuir an Comunn Gàidhealach air adhart molaidhean airson duais neach-ionnsachaidh na bliadhna, agus teisteanasan gach bliadhna airson buidhnean coimeirsealta, prìobhaideach agus poblach agus ùghdarrasan ionadail a bu mhotha a thug air adhart adhbhar na Gàidhlig ann an leasachadh coimhearsnachd.

2.4 Àite don Ghàidhlig mar chànan nàiseanta

Bha diofar ìre tuigse aig luchd-freagairt air àite na Gàidhlig ann am beatha na h-Alba an latha an-diugh. Bha trì prìomh bheachdan aca. Bha na daoine a bha den bheachd gum feumar 'Gàidhealtachd' a mhìneachadh (me, bho Arainn gu Leòdhas agus sgìrean oirthireach san iar) gu mòr nam beag-chuid – b' e dithis no trìuir a thuirt seo. Bha aon neach-freagairt ag iarraidh trì sgìrean a gheibheadh diofar ìrean solarachaidh agus taic don chànan bho *Sgìre Ghàidhealach* uile-Ghàidhlig, a bharrachd air solar anns a' chòrr de dh'Alba.

Chunnaic mòran a bharrachd feum air taic a thoirt don Ghàidhlig air feadh Alba – chan ann ‘air falach’ anns a’ Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan. Bha seo a’ dol bho shoidhnichean dà-chànanach ann an àiteachan cudromach gu buidhnean nàiseanta a’ toirt taic don chànan air feadh Alba. Bha feadhainn eile dèidheil air a dhèanamh a rèir ìre den chànan gu h-ionadail. Bhathar a’ beachdachadh am bu chòir don seo a bhith an crochadh air ‘snapan’ sa cheud no àireamhan iomlan, a dh’fhaodadh a bhith glè mhòr a thaobh na Gàidhlig ann an ceàrnaidhean sna mòr-bhailtean le ìrean ìosal sa cheud de Ghàidhlig.

Cha do ghabh Comhairle Baile Dhùn Èideann ris a’ mhodail Chuimreach airson planadh cànan, oir bha e a’ coimhead gun robh suidheachadh cànan an Alba mar ‘dhualchas cànanach tur eadar-dhealaichte’. [Cha do dh’ainmich iad an e na h-àireamhan mòran nas lugha de luchd-labhairt mar thoradh air pròiseasan eachdraidh a dh’adhbhraich seo, no call mothachaidh air ceangal eadar cànan agus nàiseantachd mar thoradh air pròiseasan poileataigeach – ’s dòcha gum feumar cur an cuimhne Alba gur i a’ Ghàidhlig a’ chiad chànan a bha aig na h-Albannaich, agus airson iomadh linn gur i an cànan aig a’ mhòr-chuid ann an Alba. CMacF.] ’S dòcha gum feumar innse do dhaoine cuideachd carson a bu chòir taic a thoirt don Ghàidhlig. Chaidh faighneachd dè an dòigh a b’ fheàrr air Gàidhlig a shuidheachadh anns an dearbh-aithne nàiseanta agus ann an dòighean-beatha an latha an-diugh. Dh’iarr Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath gum biodh Gàidhlig air a ‘stèidheachadh mar phrìomh eileamaid dhe bhith Albannach’.

Thog grunn luchd-freagairt Gàidhlig mar chànan ‘nàiseanta’ còmhla ri bhith na cànan oifigeil. Bha cuid a’ faireachdainn nach do rinn reachdas mìneachadh gu leòr air inbhe a’ chànan a thaobh sin – agus gun robh Achd na Gàidhlig air a’ chùis fhàgail neo-shoilleir a dh’aona ghnothaich. Mhol duine no dithis gum bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig a dhol an sàs ann an iomairt airson ‘crìdheachan agus inntinnean’ a chosnadh air feadh Alba, agus aire a tharraing gu prìomh àite na Gàidhlig ann an ìomhaigh nàiseantachd Albannach. Dh’iarr aon neach-freagairt sguir a chur suas le ‘gràin-cinnidh’ don Ghàidhlig. Dh’iarradh iomairt nàiseanta airson buaidh a thoirt air dòighean smuaineachaidh prògraman làidir adhartachaidh agus margaideachd. Às aonais sin ’s dòcha gum biodh cunnart ann gum biodh Gàidhlig air a faicinn iomchaidh don Ghàidhealtachd agus Innse Gall a-mhàin. Mhol daoine eile iomairt airson mothachadh àrdachadh air cànan am measg an t-sluaigh san fharsaingeachd, agus Eòlas na h-Alba le eileamaid làidir de chànan agus cultar na Gàidhlig na phàirt den chlàr-teagaisg anns a h-uile sgoil an Alba. Bha feum cuideachd air planadh-cànan anns na roinnean saor-thoileach, coimeirsealta agus neo-reachdail.

CUSPAIR 3: FOGHLAM

3.1 Togail cànan agus fileantachd “luchd-ionnsachaidh”

Chuir mòran luchd-freagairt cudrom air an fheum air prògram margaideachd airson luchd-ionnsachaidh inbheach. Bha iomradh gu tric air a’ chùrsa Ùlpan a bha san amharc agus air sgeama làidir nàiseanta airson togail cànan.

Bha cuid den bheachd gum bu chòir iomairt gus luchd-labhairt Gàidhlig ùr a mheudachadh tòiseachadh le pàrantan chloinne ann am foghlam tron Ghàidhlig.

Mhol aon bhuidheann Gàidhlig colaiste Ghàidhlig a stèidheachadh ann am meadhan na h-Alba airson coinneachadh ri feuman luchd-ionnsachaidh, goireasan bogadh cànan agus taic don choimhearsnachd ùr Ghàidhlig de luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt ann am bailtean machair na dùthcha, agus Gàidhlig ann an sgoiltean.

Tharraing feadhainn eile aire gu cothroman am measg ‘luchd-tuigsinn a-mhàin’ agus luchd-labhairt dùthchasach Gàidhlig nach urrainn a ràdh gu bheil iad buileach fileanta, no tha gun sgilean litearrachd. Bha luchd-taice na Gàidhlig cudromach airson cuideachadh le bhith a’ cur air adhart tachartasan mar mhòdan, fèisean, msaa. Ged nach robh iad sin air an àireamh taobh a-staigh na coimhearsnachd Gàidhlig bha iad cudromach dhan adhbhar. Thug mòran luchd-freagairt aire chun an fheum air luchd-ionnsachaidh a thoirt gu fileantachd, agus thug iad iomradh air dòighean mar chùrsaichean Ùlpan, agus iadh-chùram a’ gabhail a-steach cùram-chloinne gus am faigh luchd-ionnsachaidh – gu h-àraidh pàrantan òga – air coinneachadh còmhla. Dhaingnich mòran dhiubh cuideachd cho cudromach ’s a tha luchd-ionnsachaidh inbheach mar an dòigh as luaithe air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh.

Chaidh a ràdh gun robh cuid de chomhairlean a’ maoinachadh oileanaich airson pàirt a gabhail anns a’ chùrsa air astar aig Sabhal Mòr Ostaig, An Cùrsa Inntrigidh – ach nach robh cuid eile.

3.2 Gàidhlig ann am foghlam

Thog àireamh mhòr de luchd-freagairt na duilgheadasan ann an trusadh luchd-teagaisg airson Gàidhlig mar chuspair agus foghlam tron Ghàidhlig. Gu tric bha iarrtasan gu leòr airson Gàidhlig gu h-ionadail ach bha iad tric air am bacadh le cion solar luchd-teagaisg le teisteanas iomchaidh. Bha sgeamaichean bogadh cànan air am faicinn le mòran mar an dòigh as èifeachdaiche agus as luaithe air an àireamh de luchd-labhairt inbheach Gàidhlig a mheudachadh.

Thug iomadh duine beachd air a’ chion leantainneachd agus ullachaidh ann an roinn na h-àrd-sgoile. Thog mòran phàrantan chloinne ann am foghlam tron Ghàidhlig a’ cheist seo, agus bha iad a’ faireachdainn gun do chuir cion leantainneachd às don leasachadh cànan uile a bha a’ chlànn aca air fhaighinn sa bhun-sgoil.

Bha mòran den bheachd nach robh aire iomchaidh air foghlam inbheach no air an roinn foghlam adhartach, agus cha do dhèilig am plana ri na duilgheadasan. Bha feum air tuilleadh taice agus air goireasan airson luchd-ionnsachaidh inbheach a shaoil iad a bha air an dearmad sa chumantas. B’ e beagan fìor choimhearsnachdan Gàidhlig a bha air am fàgail, ach bha sgoiltean a’ toirt cothrom air Gàidhlig ionnsachadh agus seòrsa de choimhearsnachd ùr Ghàidhlig a chruthachadh. Thug diofar luchd-freagairt aire don fheum air foghlam tron Ghàidhlig a sholar dha na h-uile air feadh na Gàidhealtachd agus Innse Gall agus ann an àiteachan eile far an robh gu leòr de luchd-labhairt Gàidhlig fhathast.

Thuirte cuid nach robh àireamhan ann am foghlam tron Ghàidhlig an-diugh àrd gu leòr airson ath-bheothachadh cànan. Mhol aon neach-aithris àrd-sgoiltean Gàidhlig le goireasan còmhnaidh (mar am Ploc ann an raon a’ chiùil thraidiseanta, agus sgoiltean ciùil eile.)

Bha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faireachdainn gum bu chòir do dh'Ionnsachadh agus Teagasg Alba plana Gàidhlig a dheasachadh. Agus dh'iarr i a bhith air a gabhail a-steach anns an raon leasachadh proifeiseanta leantainneach.

Bha mòran a' faireachdainn gum feumadh foghlam Gàidhlig a churraicealam fhèin – chan e tionndadh Gàidhlig den churraicealam tron Bheurla. Tha a cultar agus a dualchas fhèin aig a' Ghàidhlig, agus bu chòir àite a thoirt dhaibh. Dh'fheumadh seo leasachadh air stuthan sònraichte foghlaim.

Bha eagal ann (me, leis a' Chomunn Ghàidhealach) gum milleadh Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS) foghlam tron Ghàidhlig – gu h-àraidh air taobh a-muigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Bha pàrantan sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig agus Comann nam Pàrant, a chuir freagairtean bho ghrunn de na buidhnean aca chun na co-chomhairle, den bheachd gur e roinn dheatamach a bha anns na bliadhnachan-tràth. Bha an t-iarrtas airson foghlam ro-sgoile tron Ghàidhlig fada na b' àirde na an solar anns na mòr-bhailtean. Bha feuman sònraichte aig sgoilearan agus luchd-teagaisg. San fharsaingeachd bha cothrom aig clann a bha ag ionnsachadh Beurla mar chànan a bharrachd (EAL) a bhith làn-ùine san sgoil-àraich ach dh'fheumadh clann ann am foghlam tron Ghàidhlig gu tric a bhith riarachd le solar pàirt-ùine – ged a b' e an sgoil-àraich an t-aon àite san robh iad a' cluinntinn a' chànan (agus bha Beurla uile-thimcheall clann EAL.)

Chaidh a ràdh gun robh duilgheadasan an lùib clàradh airson foghlam tron Ghàidhlig, gu h-àraidh far an robh an t-iarrtas sgaoilte thairis air grunn roinnean ùghdarras foghlaim (mar ann am meadhan na h-Alba) agus cha robh ùghdarrasan a' cuideachadh pàrantan gus am feuman a chur an cèill. Dh'fheumte tomhas air iarrtas airson foghlam tron Ghàidhlig a dheasbad. Cha robh oifigearan comhairle a' dèanamh rannsachadh air feuman agus iarrtas air an seo.

3.3 Solar agus trèanadh luchd-teagaisg

Dh'iarr grunn luchd-freagairt gum biodh luchd-teagaisg a bhiodh freagarrach airson foghlam tron Ghàidhlig air an lorg am measg an luchd-teagaisg aig a bheil Gàidhlig a tha ann a-cheana. Cuideachd, dh'fhaodadh brosnachadh a thoirt do luchd-teagaisg gun Ghàidhlig a bha airson a bhith fileanta agus teagasg tron Ghàidhlig le bhith gam fo-fhastadh gu sgeama in-sheirbheis airson Gàidhlig a thogail.

Chunnaic mòran feum air trèanadh luchd-oideachaidh ann am foghlam inbheach.

CUSPAIR 4: CULTAR

4.1 Cultar agus dualchas

B' e àireamh an ìre mhath beag de bheachdan a fhuair mu na h-ealain, cluich agus dràma Gàidhlig. Bha barrachd iomraidh air fèisean. Thug Bòrd na Ceiltis iomradh air cho cudromach 's a tha rosg, òrain agus bàrdachd Ghàidhlig. Dh'fhaodadh seo a cheangal ri

iarrtasan eile airson sgrìobhaichean Gàidhlig agus leudachadh air na meadhanan-clò Gàidhlig.

Bha Dualchas Nàdair na h-Alba ga fhaicinn fhèin mar phrìomh chluicheadair fo dhualchas cultarach. Thog cuid de bhuidhnean ealain agus cultair puingean a bha sònraichte a bhuineas don raon obrach aca fhèin. Chaidh beul-aithris na Gàidhlig ann an sgeulachdan a thogail cuideachd.

CUSPAIR 5: CONALTRADH

5.1 Gàidhlig ann an conaltradh agus anns na meadhanan

Bha taic fad is farsaing airson leasachaidhean ann an seirbheis Ghàidhlig air rèidio agus telebhisean. Bha toirt gu buil seirbheisean ùra didseatach a' dèanamh dragh do chuid de luchd-freagairt. Bha neach eile a' faireachdainn gun robh teicneòlasan ùra eileagtronaigeach roimhe air an cleachdadh gu h-èifeachdach airson Gàidhlig agus dh'iarr e gum biodh na teicneòlasan eileagtronaigeach adhartach air an cur gu feum cho mòr 's a ghabhas airson a' chànain (me, podcasting, MP3an, iPodan, DVDan, msaa). Chaidh a ràdh cho cudromach 's a tha rèidio, a tha nas saoire agus nas so-ruigsinn na telebhisean agus comasach air a bhith nas fhosgailte do dh'fheuman na coimhearsnachd Ghàidhlig.

Thug grunn luchd-freagairt iomradh air cho cudromach 's a tha Gàidhlig air telebhisean. Bha seo a' toirt a' chànain gu luchd-amhairc san fharsaingeachd – gu h-àraidh le fo-thiotalan mar as trice anns a' Bheurla . Bha *Eòrpa* gu h-àraidh air a mholadh. Nam biodh na prògraman sin uile air an toirt bho stèiseanan gnàthach cha bhiodh a' Ghàidhlig cho follaiseach. Nam biodh fo-thiotalan air an toirt air falbh, bhiodh rud a bha na bhuannachd mhòr do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig air a chall.

CUSPAIR 6: CÙISEAN EILE AG ÈIRIGH BHON PHLANA AGUS AN STIÙIREADH

6.1 Gnè cainnte air a cleachdadh anns a' phlana agus an stiùireadh

Thug mòran luchd-freagairt aire gu duilgheadasan a' leughadh sgrìobhainnean a' phlana agus an stiùiridh. Bha duilgheadasan a' làn-thuigsinn an structair air an ainmeachadh gu tric. Bha iomradh gu tric air an fheum air gearr-chunntasan agus tionndaidhean nas sìmplidhe. Bha co-dhiù aon neach-freagairt a' faireachdainn gur e an tionndadh Beurla a' phrìomh theacsa agus gur e eadar-theangachadh a bha anns an tionndadh Ghàidhlig, ag ainmeachadh mearachd ('gnìomhachd' an àite 'comas' air duilleag 30) air a dèanamh anns an tionndadh Ghàidhlig. Mhol aon neach-freagairt nam biodh a' chiad theacsa air a bhith ann an Gàidhlig gum biodh an stoidhle aige na bu sìmplidhe agus na bu dhìriche, agus mar sin bhiodh an t-eadar-theangachadh Beurla na b' fhasa a leughadh. Bha beachd eile a' moladh seirbheis 'Gàidhlig nas glaine' mar am Plain English Campaign.

B' e aon mholadh (bho Fhèisean nan Gàidheal) structar a' phlana a chur ann an cruth daitheagraim no deilbh (le eisimpleir air a thoirt). Bha moladh eile ann airson gearr-iomraidhean de dh'aithisgean.

6.2 Targaidean

Bha iomadh beachd air a thoirt mu na diofar thargaidean. Ghabh iad sin a-steach puingean mu ion-dhèantachd, ion-obrachadh, raon-ama, agus an robh iad air an cur ri chèile airson a bhith a' coimhead nas sìmplidhe na bha. Nam biodh iad air an atharrachadh àireamhan deimhinnte, dh'fhaodadh na targaidean a bhith glè dhoirbh nam biodh iad stèidhichte air toraidhean bhon chunntas-sluaigh ann an 2011 nach eil ach ceithir bliadhna air falbh. Dh'fheumadh bun-rannsachadh no adhbhar rianail a bhith air cùl nan targaidean.

Thog cuid den luchd-freagairt ro-innleachd thar 25 bliadhna, le targaidean ann an sreath de phlanaichean còig-bliadhna. Thug aon neach-freagairt iomradh cuideachd air cuimseachadh càileachdail.

6.3 Snapan sa cheud

Bha mòran beachdachaidh air a' phrionnsapal airson roinnean riatanach gus solar airson na Gàidhlig a bhrosnachadh gu h-ionadail. Cha do chòrd am beachd air ìrean riatanach sa cheud ri mòran, agus bha mòran a' togail ceist mun deidhinn agus mar a rachadh na h-ìrean a shuidheachadh. Bhathar tric gan saoil sinn neo-chunbhalach. Cha robh a' pharaiste chatharra daonnan air a tuigsinn mar aonad. Dh'fhaodadh seo (agus briathrachas eile) a chur ann an glosaraidh.

6.4 Neach-comharra a' chunntas-sluaigh

Bha am briathar seo air a chleachdadh ann an aithisg cunntas-sluaigh 2001 air a' Ghàidhlig, agus tha e a' comharrachadh an neach a lion am foirm cunntas-sluaigh airson na dachaigh. Thug beagan luchd-freagairt aire don duilgheadas le measadh chloinne a bhruidhneas Gàidhlig a rèir neach-comharra a' chunntais-sluaigh le Gàidhlig a-mhàin. Dhùineadh seo a-mach cùisean far an robh Gàidhlig aig inbheach eile a bha air a bhith a' bruidhinn a' chànain ri cloinn anns an dachaigh. Dh'fheumte còmhradh ris an Roinn Cunntais-sluaigh aig Oifis Choitcheann a' Chlàraidh (Alba) gus dèanamh cinnteach gum biodh aghaidh air a chur air ann am mion-sgrùdadh agus taisbeanadh air dàta bho chunntasan-sluaigh san àm ri teachd. (Ann an 2001, bha 54.8% den chloinn ann an teaghlaichean far an robh inbheach le Gàidhlig air an clàradh mar luchd-labhairt Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar, 62.3% anns an Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, agus 24.2% anns a' chòrr de Alba. B' i a' cho-rèir nàiseanta 34.4%.) Shaoil grunn luchd-freagairt gum biodh e neo-phractaigeach sùileachadh seo a mheudachadh gu 50% thar na h-ath cheithir bliadhna, agus bha cuid a' faireachdainn gum biodh e na bu reusanta an targaid seo a choileanadh ceum air cheum thar na h-ath dhà ùine cunntais-sluaigh.

CUSPAIR 7: GNOTHAICHEAN FARSAING

7.1 Rannsachadh

Bha cuid de dhaoine a' smaoinichadh gum feumadh rannsachadh a thighinn ro phlanadh cànan, agus mhol iad àite follaiseach airson rannsachadh anns a' phlana. Chomharraich Comhairle Baile Ghlaschu feum air mion-sgrùdadh furasta air a' chunntas-sluaigh anns a'

phlana. Bha feum fhathast air co-obrachadh sa chunntas-sluaigh mu cheistean, mion-sgrùdadh agus taisbeanadh ann an clàir agus aithisgean foillsichte. Bu toigh le Dualchas Nàdair na h-Alba a bhith air sgaoileadh cruinn-eòlach luchd-labhairt na Gàidhlig fhaicinn an lùib planadh agus stiùireadh cànan.

Bha iarrtas fad is farsaing ann gun cuireadh Bòrd na Gàidhlig rannsachadh poileasaidh iomlan air dòigh airson taic dha obair agus don phlana. Bha feum sa bhad air rannsachadh air dèidh a bhith a' bruidhinn, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh a' chànain anns an teaghlach. Anns a' gheàrr-ùine, dh'fhaodadh ceistean a bhith air an cur ann an sgrùdaidhean sòisealta nàiseanta. Ach ann an dùthchannan eile (Èirinn, a' Chuimrigh agus Catalunia) bha feum air buidhnean cànan a bhith a' cur aonadan staitistig agus rannsachaidh air dòigh dhaibh fèin. Leis nach robh Lèirsinn a' dèanamh ach glè bheag anis, cha robh ionad nàiseanta ann airson rannsachadh air nithean Gàidhlig agus bha e follaiseach gun robh feum air – gu h-àraidh ma bha am Bòrd gu bhith na bhùth aon-stad airson a h-uile ceist a bhuineadh do leasachadh cànan. Bha teòiridh planadh cànan (me, sgèile ceumnach briseadh eadar-ghinealach agus tilleadh gluasad cànan aig Fishman, msaa) air ainmeachadh cuideachd.

Bha foghlam agus poileasaidh foghlaim air am faicinn le mòran mar phrìomhachasan rannsachaidh. Mhol aon neach-freagairt gum bu chòir co-obrachadh le aonadan rannsachaidh an Alba a bha aithnichte mar a' Human Communication Research Centre, Dùn Èideann agus Glaschu; The International Association for Languages and Intercultural Communication; agus an International Commission on Second Language Acquisition, Heriot-Watt. [Dh'fhaodar The Centre for Information on Language Teaching and Research an Sruighlea a chur riutha. CMacF.]

Bha feum air rannsachadh ionadail agus corporra cuideachd. Dh'fheumadh ùghdarrasan ionadail gu sònraichte measadh a dhèanamh air iarrtas airson seirbheisean Gàidhlig anns na roinnean aca.

Bha feum, cuideachd, air sùil a chumail air buileachadh na Cairte Eòrpaich, agus tomhasan nas fhollaisiche air buaidhean poileasaidhean cànan a leasachadh.

Thug grunn luchd-freagairt aire don fheum air rannsachadh brosnachail air beachdan a' phobaill air a' chànan, agus carson a dh'fhaodadh a luchd-labhairt Gàidhlig a thrèigsinn.

7.2 Ionmhas agus stòrais

Tharraing buidhnean Gàidhlig, agus buidhnean phàrant gu sònraichte, aire chun an fheum air goireasan agus maoinachadh a chumail a' dol, seach ath-thagradh gun sgur a' sàrachadh buidhnean beaga saor-thoileach. Bha leantainneachd taice air a faicinn riatanach airson soirbheachadh a' phlana agus a phròiseactan. Le leasachaidhean ùra bha e cudromach dèanamh cinnteach nach robh leantainneachd sgeamaichean soirbheachail inntinneach ann an cunnart.

Feumaidh Bòrd na Gàidhlig dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil rianachd agus co-òrdanachadh iomchaidh air na pròiseactan aca. B' e puing eile a thogadh tric nach soirbhicheadh am plana gun stòrais iomchaidh.

Bha meadhanan libhrigidh agus toirt seachad stòrais air a thogail tric cuideachd. Bhathar a' coimhead gum faodadh co-òrdanachadh pròiseactan agus nam buidhnean a bha gan gabhail os làimh a bhith na phrìomh dhuilgheadas, mar a bha an duilgheadas a thaobh stòrais. Gun stòrais iomchaidh agus maoinachadh a chumail a' dol airson prìomh chluicheadairean cha shoirbhicheadh am plana. Chaidh togail gun robh tagradh gun sgur, gu h-àraidh am measg bhuidhnean beaga a bha air an cur air dòigh gu saor-thoileach, a' lagachadh èifeachdas libhrigidh. Chunnaic grunn luchd-freagairt am feum air buidheann beag de dh'oifigearan ionadail Gàidhlig ag obair taobh a-staigh na coimhearsnachd, agus am measg ùghdarrasan ionadail agus buidhnean Gàidhlig gus amasan a' phlana a thoirt gu bith agus gus cuideachadh ag ullachadh iarrtasan.

7.3 Prìomhachasan

Tharraing HIE aire gu na sgrìobhainnean anns an robh mu 120 prìomhachas, agus chomharraich iad 85 pròiseact eile. Bha mòran a' faireachdainn gun robh cus an seo agus gun robh sreath mar sin cus airson stòrais Bhòrd na Gàidhlig a libhrigeadh no a rianachd gu h-èifeachdach. Dh'fheumadh am prìomhachadh agus an rangachadh mar sheallaidhean geàrr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine.

Chomharraich mòran den luchd-freagairt cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh agus anns an teaghlach agus tar-chur eadar-ghinealach mar a' chiad phrìomhachas, beagan air thoiseach air coimhearsnachd agus àite-obrach. Bhathar a' faireachdainn gu mòr gun robh Gàidhlig ann am foghlam gach cuid aig ìre sgoile agus am measg luchd-ionnsachaidh inbheach cudromach. Bha ruigsinn fileantachd air a faicinn mar phrìomh amas an seo agus a' gabhail a-steach libhrigeadh thoraidhean agus chan e dìreach solar chùrsaichean. Tharraing mòran dhiubh aire chun an fheum a bha ann a bhith a' cumail coimhearsnachd na Gàidhlig a' dol anns na 'daingnichean' deireannach aice.

CUSPAIR 8: GNETHAICHEAN RIAGHALTAIS

Rinn Bòrd na Gàidhlig taisbeanadh do Chomataidh an Fhoghlaim aig Pàrlamaid na h-Alba air 13 Sultain, agus fhuair iad litir mun phlana agus an stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba air 3 Samhain. Tha iad sin gu h-àraidh cudromach don phròiseas co-chomhairleachaidh, agus mar sin thathar a' dèiligeadh riutha air leth an seo.

8.1 Gnothaichean Comataidh Foghlam Pàrlamaid na h-Alba

Bheachdaich a' Chomataidh air cunntasan a' phlana, a shealladh, amasan, raointean gnìomh agus targaidean, a cheithir cuspairean, prìomh chluicheadairean, luchd-solarachaidh agus luchd-furastachaidh. Rinn a' chomataidh nota den phrògram de bhuidhnean poblach a dh'fheumadh planaichean cànan a dhèanamh fon Achd. Thog a' chomataidh na deich puingean a leanas:

1. Dh'fheumadh am plana a bhith nas soilleire mu raointean-ama, agus comharrachadh nam buidhnean le prìomh uallach airson an ro-innleachd a choileanadh. Dh'fheumadh am plana a bhith ro-innleachdail a thaobh nam planaichean agus na comasan a tha aca.

2. Bòrd na Gàidhlig a bhith a' mìneachadh a dhleastanas aig deireadh na dara bliadhna shlàn aige a thaobh dè tha e a' faicinn mar a dhleastanas airson na meadhan-ùine 3-5 bliadhna.
3. Feumar mìneachadh air mar a thagh Bòrd na Gàidhlig na buidhnean a dh'fheumas planaichean a dhèanamh.
4. Bha suidhichidhean cànanach glè eadar-dhealaichte thar nan 32 roinn ùghdarras ionadail ann an Alba. Dh'fheumadh Bòrd na Gàidhlig dòigh uidh air an uidh no ìre air an ìre a ghabhail.
5. Ciamar a chomharraicheas Bòrd na Gàidhlig comas air cleachdadh na Gàidhlig? Feumar cuimse san stiùireadh ann an roinnean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig ìosal, agus beachdachadh air dè na ceuman a dh'fhaodar a ghabhail gus iarrtas a bhrosnachadh airson seirbheisean Gàidhlig. Bha Gàidhlig ann an staid chugallach agus bha feum air gluasad gun dàil ann an ceàrnaidhean Gàidhlig.
6. Feumaidh am plana a bhith air a neartachadh gus cudrom a chur air tuilleadh bhuanachdan eaconamach agus àite eaconamach na Gàidhlig.
7. Feumaidh barrachd fiosrachaidh a bhith sa phlana mu ciamar agus cò leis as urrainn na prìomhachasan airson trèanadh, trusadh agus taic luchd-teagaisg Gàidhlig a choileanadh.
8. Bha dragh air cuid mun targaid airson foghlaim (1.2% de dhaoine aois 15-24 bliadhna comasach air Gàidhlig a bhruidhinn mu 2011) a thaobh an raoin-ama seo agus na buidhnean le uallach airson a choileanadh.
9. Dh'innis a' chomataidh mun dragh a bha air Comhairle nan Eilean Siar nach robh sgoilearan a dh'fhaodadh a bhith ann am foghlam tron Ghàidhlig air an clàradh ann gus am faodar an sgoil ionadail aca a chumail fosgailte.
10. Dh'fheumadh am plana barrachd fiosrachaidh agus deatamachd a chur an cèill.

8.2 Gnothaichean Riaghaltas na h-Alba

Fhuair Bòrd na Gàidhlig dreachd de litir bho Riaghaltas na h-Alba air 3 Samhain mu fhoillseachadh Plana na Gàidhlig Nàiseanta agus an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig. Bha an litir ag iarraidh beachdachadh nas sònraichte a dhèanamh air gnìomhachadh a' cheum seo gun dàil. Thog i ceithir ceuman sònraichte:

1. Ann am beachd Bòrd na Gàidhlig, dè na h-ath cheuman agus na grad-phrìomhachasan?
2. Ciamar agus cò leis a dh'fhaodadh na prìomhachasan a bhith air an libhrigeadh ?
3. Ciamar a tha Bòrd na Gàidhlig a' faicinn a bhios a phàirt fhèin air a neartachadh ann an comharrachadh gheallaidhean sònraichte a bhios rin coileanadh rè beatha a' phlana seo?

4. A bheil an stiùireadh a' toirt mìneachadh soilleir air an Achd, agus a bheil cothrom aig buidhnean poblach air comhairle phractaigeach mu phlanaichean cànan?

Co-dhùnadh

B' e gnìomh soilleireachaidh a bha ann an leughadh 251 freagairtean bho bhuidhnean corporra agus daoine fa leth. Thug e sealladh buannachdail air na smuaintean agus beachdan mun Gàidhlig agus na duilgheadasan ann an leasachadh cànan. B' e glè bheag de fhreagairtean neo-thaiceil a bha ann – dìreach dhà no trì. Bha gu leòr de rudan taiceil aig eadhon an àireamh bheag aig an robh rudan ro chruaidh ri ràdh, agus b' ann cuideachail a bha iad le an cuid bheachdan. Bha na freagairtean neo-thaiceil a' riochdachadh ìomhaigh cànan ann am poball a tha a-nis fìor sheann-fhasanta – fuidheall na naoidheamh linn deug – ach tha e feumail a chumail air chuimhne gu bheil beachdan seann-fhasanta mar sin ann cuideachd agus feumar dèiligeadh riutha. Thug aon bhuidheann poblach iomradh air eadar-theangairean do dhaoine nach bruidhinn ach Gàidhlig. Tha e soilleir gu bheil iomadh feum ann fhathast air àrdachadh ann am mothachadh agus fiosrachadh a' phobaill mun chànan agus a choimhearsnachd luchd-labhairt.

Rinn na beachdan a fhuair anns a' cho-chomhairle seo sampall comharrachail air na bha an sluagh Gàidhlig le dèidh a' smaoinichadh mun chànan aige. 'S math as fhiach an stòr-dàta a ghleidheadh mar thasglann no stòr-dàta airson tuilleadh rannsachaidh – agus 's fhiach a dhèanamh na cho-chomhairle leantainneach le Bòrd na Gàidhlig ris a' phoball aige.

Ghabh mòran dhaoine agus buidhnean an cothrom air liosta a dhèanamh den iomadh seòrsa tachartais anns an do ghabh iad pàirt a' toirt taic don chànan agus a coimhearsnachd de luchd-labhairt. Ghabh mòran an cothrom cuideachd air am beachdan fhèin mu leasachadh Gàidhlig agus planadh cànan a mhìneachadh, ann an cuid de chùisean mar 'liostaichean iarrais'. B' e dleastanas an sgrùdaidh seo geàrr-chunntas a dhèanamh de chunntasan agus beachdan mun phlana agus an stiùireadh *annta fhèin*, a tha a' ciallachadh gum b' fheudar 'prìomhachas ìosal' a thoirt do mhòran den fhiosrachadh seo. Cha robh an aithisg seo comasach air a dhèanamh gu cothromach, ach bhiodh e tàmailteach a chall. Tha an aithisg seo a' crìochnachadh le guidhe làidir gum bi e air a ghleidheadh, agus ma ghabhas e dèanamh gum bi e ceangailte ri co-chomhairleachaidhean eile a rinneadh o chionn ghoirid. Nì iad sin uile suas 'dealbh' eachdraidheil, luachmhor de na bha an sluagh Gàidhlig a' smaoinichadh mun chànan aige rè ùine dheanamach de dh'ath-riaghailteachadh poileasaidh.

Coinneach MacFhionghain

27^{mh}. Samhain 2006 (*ath-leasaichte* 25^{mh}. Faoilleach 2007)

Neach-comhairle Rannsachaidh airson Ro-innleachd Cànan

Tùsan:

Bòrd na Gàidhlig (2006) Stiùireadh mu Phlanaichean Gàidhlig: Co-chomhairleachadh poblach 14^{mh} Lùnastal – 10^{mh} Samhain 2006. Inbhir Nis.

Bòrd na Gàidhlig (2006) Plana Nàiseanta na Gàidhlig: Co-chomhairleachadh poblach 14^{mh} Lùnastal – 10^{mh} Samhain 2006. Inbhir Nis.

Denscombe, Martyn (1998/2005) *The Good Research Guide for small-scale social research projects* (2nd Edition) Maidenhead: Open University Press / McGraw Hill Education ISBN 0 335 21303 0 (bog) dd. 109-130)

Glaser, Barney G. and Strauss, Anselm L. (1967) *The Discovery of Grounded Theory: Strategies for Qualitative Research* (Eagan 1) Lunnainn: Weidenfeld and Nicholson (gun ISBN)

STAITISTIG A' PHLANA NÀISEANTA AGUS AN STIÙIRIDH

1. SGAOILEADH CRUINN-EÒLACH

Roinn	Plana	Stiùireadh	Iomlan
Eileanan Siar	8	1	9
Gàidhealtachd	35	5	40
Earra-Ghàidheal & Bòd	12	1	13
Buidhnean roinneil air Ghàidhealtachd	5	4	9
<i>Iomlan: a' Ghàidhealtachd & Innse Gall</i>	<i>60</i>	<i>11</i>	<i>71</i>
Eileanan a Tuath	0	0	0
Ear-Thuath	7	2	9
Meadhan na h-Alba	13	1	14
Dùn Èideann & Lodainn	30	10	40
Glaschu & Taobh an Iar	25	6	31
Ceann a Deas na h-Alba	6	1	7
Buidhnean nàiseanta Albannach	37	14	51
<i>Iomlan: Alba</i>	<i>178</i>	<i>45</i>	<i>223</i>
Còrr de Bhreatainn & Èirinn	9	3	12
Thall thairis	13	0	13
Àite neo-ainmichte	2	0	2
<i>Iomlan: taobh a-muigh Alba</i>	<i>24</i>	<i>3</i>	<i>27</i>
Àireamh iomlan	20	48	250

2. TÙS AGUS CÀNAN CONALTRAIDH

Sèorsa buidhinn	Plana no Stiùireadh	Iomlan	Àireamh ann an Gàidhlig	Gàidhlig mar %	
Buidhnean cànain	Plana	42	24	57.1	
	Stiùireadh	6	3	50.0	
Buidhnean ionadail & roinneil	Plana	13	2	15.4	
	Stiùireadh	5	1	20.0	
Ùghdarrasan ionadail	Plana	12	2	16.7	
	Stiùireadh	6	1	16.7	
Bùird phoblach nàiseanta	Plana	22	2	9.1	
	Stiùireadh	12	0	0.0	
<i>Buidhnean iomlan</i>	<i>Plana</i>	<i>89</i>	<i>30</i>	<i>33.7</i>	
	<i>Stiùireadh</i>	<i>29</i>	<i>5</i>	<i>17.2</i>	
Daoine fa leth	Plana	113	32	28.3	
	Stiùireadh	19	5	26.3	
Iomlan	Plana	202	62	30.7	} 28.8%
	Stiùireadh	48	10	20.8	